



|              |  |
|--------------|--|
| AN DREUCHD   | Obraiche-cluiche   |
| FO STIÙIR    | Manaidsear Fàs Mòr   |
| AN TUARASTAL | Neach-obrach Cùraim-chloinne fo Thrèanadh (gun teisteanasan) £21,255 - £22,948<br>Neach-obrach Cùraim-chloinne (le Teisteanasan) £23,521 - £25,963 |
| ÀITE-OBRACH  | Fàs Mòr, Ionad Cùraim-chloinne, Slèite, An t-Eilean Sgitheanach  |

### ADHBHAR NA H-OBRACH

Ag obair mar phàirt de sgioba beag ann an ionad cùraim-chloinne agus thu a' gabhail cùram de chloinn aois 0-12 tro mheadhan na Gàidhlig.

### PRÌOMH DHLEASTANASAN

- A' gabhail cùram de chloinn, agus thu gan cumail sàbhailte agus a' gleidheadh an cuid chòraichean
- A' toirt saorsa dhan chloinn ùine a chur seachad san dòigh a chòrdas riutha fhèin agus a' dèiligeadh riutha ann an dòighean feumail is cuideachail
- A' cur thachartasan is ghnìomhan air dòigh leis a' chloinn airson Club na Sgoile agus Club nan Làithean-saora
- A' cumail rian air agus a' glanadh àiteachan-cluiche, stuthan agus acainn
- A' brosnachadh dhòighean-giùlain cothromach is cùramach am measg na cloinne
- Ag ullachadh biadh fallain dhan chloinn
- A' brosnachadh is a' cur air adhart deagh shlàinte is slàinteachas math
- A' frithealadh air feumalachdan pearsanta na cloinne, leithid bhadan, an taigh-beag agus cadal
- A' dèiligeadh ri tubaistean, ri cuideigin a tha air an goirteachadh, ri cùisean-èiginn
- A' conaltradh ri clann, pàrantan, luchd-cùraim agus luchd-proifeiseanta eile
- A' cumail chlàran agus a' dèiligeadh ri suimeannan airgid beaga



- A' cumail ri stiùiridhean bhon Mhanaidsear agad, bhon Bhòrd Stiùiridh, SSSC, Buidheann-stiùiridh a' Chùraim agus Riaghaltas na h-Alba
- A' cuideachadh le "GIREC" agus thu a' dèanamh cinnteach gu bheil gach pàiste Sàbhailte, Fallain, a' Soirbheachadh, air an Deagh Àrach, Èasgaidh, a' faighinn Spèis, Cunntachail agus air an Gabhail a-steach

### Comasan an neach-obrach

|  | Comasan/teisteanasan riatanach   | Comasan/riatanasan a bhiodh nam buannachd   | Modh-measaidh – Foirm-iarrtais no Agallamh |
|--|--|---|--|
| Teisteanasan is trèanadh proifeiseanta no dreuchdail |  | SVQ3 Seirbheisean Sòisealta (Clann is Daoine Òga) / HNC Obair Cloinne no teisteanas co-ionann ri sin                      | Foirm-iarrtais                             |
| Sgilean  | Comasan Gàidhlig ga bruidhinn is ga sgrìobhadh.<br><br>Comasach dhut obrachadh ann an sgioba.<br><br>Tha thu còir is cùramach. | Fileanta ann an Gàidhlig ga bruidhinn is ga sgrìobhadh.<br>Ciad-chobhair Slàinteachas sa Chidsin Slàinte is Sàbhailteachd | Foirm-iarrtais agus Agallamh               |
| Eòlas  |  | Tha eòlas agad air a bhith ag obair le clann no ann an ionad àraich no oideachaidh airson clann                           | Foirm-iarrtais                             |

### Uairean gach Seachdain

Tha an t-ionad fosgailte bho 8.45m – 5.15f Diluain – Diardaoin agus 8.45m – 3.15f Dihaoine.

### Làithean-saora gach Bliadhna

35 làithean, a' gabhail a-steach làithean-saora poblach. Bidh Fàs Mòr a' dùnadh fad cola-deug san Iuchar agus aig an Nollaig, a bharrachd air sin, tha sùbailteachd ann a thaobh làithean-saora an còrr dhen bhliadhna.

### An Tuarastal:

Neach-obrach Cùraim-chloinne fo Thrèanadh (gun teisteanasan) £21,255 - £22,948 gach bliadhna, a rèir eòlais.

Neach-obrach Cùraim-chloinne (le Teisteanasan) £23,521 - £25,963 gach bliadhna, a rèir eòlais.